

A' cur feabhas air cleachdadh: A' leasachadh clàr- teagaisg foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

Sgoil MhicNeacail, Steòrnabhagh,
Comhairle nan Eilean Siar



The Nicolson Institute
Sgoil MhicNeacail



Clàr-innse

1. Co-theacsa agus cùl-eòlas.....	3
2. Planadh ro-innleachdail airson sìor leasachadh.....	4
3. Ceistean dùbhlain	7

1. Co-theacsa agus cùl-eòlas

1.1 Chaidh an sgrìobhainn seo a chur ri chèile airson taic a chumail ri prìomh cheannardan ann an àrd-sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus caidreachasan leasachaidh roinneil (RICs) airson piseach a thoirt air clàr-teagaisg Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Tha e stèidhichte air rannsachadh a' chlàir-theagaisg a rinneadh aig Sgoil MhicNeacail. Chaidh iomadh tùs a chur gu feum nuair a dheasaich sinn rannsachadh na cùise seo, a' gabhail a-staigh toraidhean ar sgrùdaidhean fhèin agus grunn thaisbeanaidhean a chaidh a thoirt seachad le prìomh cheannardan aig Sgoil MhicNeacail.

1.2 Tha Sgoil MhicNeacail a' toirt seachad an dà chuid Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FTG) agus Foghlam tro mheadhan na Beurla (FTB). Tha i a' frithealadh baile Steòrnabhaigh agus sgìrean eile air feadh Leòdhais. Tha mu mhìle oileanach air clàr na sgoile.

1.3 Mus tòisich iad ann an S1, bidh na daoine òga air am bogadh ann am FTG ann am bun-sgoiltean sna sgìrean aca. Ionnsaichidh iad Fraingis mar an dàrna cànan a bharrachd a-mach o P5. Tha dealbhadh a' chlàir-theagaisg aig Sgoil MhicNeacail a' toirt cothrom do dhaoine òga ann am FTG foghlam tro mheadhan na Gàidhlig fhaighinn cuid dhen àm. Tha **an clàr-teagaisg** a' ciallachadh rud sam bith a tha ga chur air dòigh do dhaoine òga fhad 's a bhios iad ann am foghlam. Chan e seo dìreach rudan a thachras ann an seòmraichean-teagaisg. Tha seo a' gabhail a-staigh chothroman Gàidhlig ionnsachadh is a chur gu feum ann an ceithir co-theacsan a' chlàir-theagaisg le grunn shlighean a dh'ionnsaigh Teisteanasan Nàiseanta aig an ìre as àirde. Seo na ceithir co-theacsan airson ionnsachadh:

- Raointean is cuspairean a' chlàir-theagaisg
- Ionnsachadh eadar-chuspaireil
- Feallsanachd is beatha na sgoile
- Cothroman airson coileanadh pearsanta.

1.4 Tha na daoine òga air fad ann am FTB ag ionnsachadh Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) mar a' chiad chànan a bharrachd aca sa bhun-sgoil. Mar a bhios na daoine òga a' dol a-steach dha S1, cumaidh iad a' dol le Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) eadar S1 agus S3. Seo na slighean a dh'ionnsaigh Teisteanasan Nàiseanta aig an ìre as àirde. Gheibh daoine òga buannachdan ionnsachadh na Gearmailtise agus Laideann mar an dàrna cànan a bharrachd (L3).

1.5 Chaidh iarraidh air an sgoil, ri linn sgrùdaidh, solar FTG agus feallsanachd is cultar na Gàidhlig a neartachadh air feadh na sgoile. Bhathar ag iarraidh gum biodh barrachd Gàidhlig ri fhaicinn agus ri chluinntinn taobh a-staigh agus a-muigh nan seòmraichean-teagaisg. Chunnacas ann an sgrùdadh an dèidh sin gun do rinn an sgoil obair mhòr prìomh eileamaidean a saothrach a leasachadh. Bha deagh bhuaidh aige sin air

ionnsachadh is coileanadh foghlam nan daoine òga. Nam measg sin, tha daoine òga a-nis a' faighinn cothroman nas fheàrr ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig a dhèanamh. Chaidh seo a dhèanamh sna cuspairean fhèin agus raon farsaing de ghnìomhachdan taobh a-muigh nan seòmraichean-teagaisg air feadh na sgoile. Bhathar dhen bheachd gun robh deagh bhuidh gu sònraichte aig a' chom-pàirteachas le BBC Alba airson sgilean nan daoine òga a leasachadh a bheir cothrom dhaibh obraichean Gàidhlig fhaighinn sa choimhearsnachd ionadail. Mhothaicheadh cuideachd gun robh na cothroman ùra seo airson Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh nan seòmraichean-teagaisg buannachdail cuideachd do dhaoine òga ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLG). Dh'iarr Sgrùdairean a Mòrachd air an sgoil sìor chudrom làidir a chumail air leasachadh nan còraichean a tha aig daoine òga aig gach ìre air FTG.

1.6 Tha planadh foghlam Gàidhlig aig Sgoil MhicNeacail mar phàirt dhen [Phlana-chànain Ghàidhlig](#) aig Comhairle nan Eilean Siar mar a dh'iarr Achd na Gàidhlig (Alba), 2005.

2. Planadh ro-innleachdail airson sìor leasachadh

2.1 Tha na leanas na gheàrr-chunntas air mar a chuireadh piseach air FTG agus FLG aig Sgoil MhicNeacail. Tha an cuid chleachdaidhean a' dol am feabhas agus a' fàs nas èifeachdaiche agus thathar ag aideachadh gun bheil rudan ri leasachadh fhathast. Tha cuid a mholaidhean ann dhan sgoil a thaobh nan ath cheuman leasachaidh a tha co-cheangailte ri [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(an ceathramh foillseachadh\)](#). Bu chòir do dhaoine an rannsachadh cùise seo a chleachdadh còmhla ris a' [Chomhairle air Foghlam Gàidhlig](#) agus an [Stiùireadh reachdail air Foghlam Gàidhlig](#) a chuireas taic ri fèin-luachadh airson leasachadh.

2.2 Tha na h-àrd cheannardan ag aithneachadh gu bheil buaidh aig an dealas làidir a tha aca dhan Ghàidhlig air leasachadh na Gàidhlig am broinn a' chlàir-theagaisg. Tha FTG a-nis air filleadh a-staigh ann an lèirsinn, luachan is amasan na sgoile agus planadh ro-innleachdail na sgoile airson leasachadh. Tha seo ag aideachadh gu bheil Sgoil MhicNeacail na sgoil a tha a' toirt seachad foghlam tro mheadhan dà chànain. Bu chòir dhaibh poileasaidh Gàidhlig a leasachadh san ath cheum mar fheallsanachd a' chlàir-theagaisg. Cleachdar seo ann am brosnachadh FTG agus FLG, a' ghabhail a-staigh na làraich-lìn agus eadar-ghluasad.

2.3 Bidh fèin-luachadh a bheir ealla ris a' Ghàidhlig aig teis-meadhan planadh ro-innleachdail na sgoile. Gabhaidh seo a dhèanamh leis a' [Chomhairle air Foghlam Gàidhlig](#) aig Foghlam Alba agus [Stiùireadh reachdail air Foghlam Gàidhlig](#).

2.4 Rinn na h-àrd cheannardan sgrùdadh air sgilean an luchd-teagaisg a dh'fhiosrachadh cò dhiubh a tha comasach air taic a chumail ri teagasg is foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Ghabh seo a-staigh tidsearan nach eil fileanta gu leòr an-dràsta fhèin airson teagasg tro mheadhan na Gàidhlig ach a dh'fhaodadh a dhol an sàs dheasbadan le daoine òga ann an Gàidhlig mar phàirt de dh'fhoghlam san t-seòmair-teagaisg. Tha

cothrom aig an luchd-teagaisg air ionnsachadh proifeiseanta sònraichte airson FTG. Tha seo a' gabhail a-staigh cothroman an cuid sgilean cànan a leasachadh airson 's gun urrainn dhaibh teagasg tro mheadhan na Gàidhlig.

2.5 Bidh luchd-obrach a bheir seachad FTG a' coinneachadh ri leas-cheannard sgoile gu cunbhalach a dhèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachadh proifeiseanta agus co-obrachadh a' cur cudrom air a' Ghàidhlig. Tha an luchd-obrach a' togail ceanglaichean làidir ri com-pàirtichean air a bheil uallach goireasan ionnsachaidh agus teagaisg a chruthachadh airson FTG. Tha seo a' cruthachadh goireasan Gàidhlig mar a bhios feum orra sa chlàr-teagaisg. Fhuair daoine òga ann am FTG tablaidean digiteach far am faigh iad cothrom air na goireasan ionnsachaidh aca. Sìor leasaichidh an sgoil an ro-innleachd aice airson teicneolas digiteach.

2.6 Chuir an luchd-obrach ri chèile plana airson leasachadh FTG agus FLG sa bheil amasan is prìomhachasan reusanta airson na trì bliadhna romhpa. Tha am plana sùbailte airson 's gum bi cothrom aig an luchd-obrach fàth a ghabhail air cothroman FTG aig ìre nàiseanta agus ionadail mar a nochdas iad.

2.7 Tha na prìomh cheannardan a' tuigsinn dè cho cudromach 's a tha gu bheil na daoine òga, an luchd-obrach is pàrantan/luchd-cùraim eòlach airson lèirsinn na sgoile a thaobh FTG agus FLG. Gus seo a bhrosnachadh, roghnaichidh na prìomh cheannardan slighe ro-innleachdail a chomharraicheas cudromachd cànan is cultar na Gàidhlig ann an co-theacsa ionadail na sgoile, ann am foghlam is fastadh. Mu choinneamh seo, thèid coinneamhan a chumail leis an luchd-obrach, pàrantan, daoine òga agus com-pàirtichean a' chlàir-theagaisg airson tuigse nas fheàrr a thoirt dhaibh air na buannachdan a dh'èireas an lùib fileantachd sa Ghàidhlig. Thathar a' cumail tachartasan sònraichte far an tarraing luchd-fastaidh agus buidhnean aire nan daoine òga do dh'àireamh nan cothroman obrach a thig an lùib fileantachd sa chànan ann an gnìomhachasan faothachaidh, cultair, foghlaim is gnothachais. Tha an sgoil a' co-obrachadh gu math leis na meadhanan ionadail airson aire a tharraing am measg a' phobaill dha na h-amasan aig an sgoil. Tha iad a' brosnachadh na Gàidhlig sna meadhanan sòisealta cuideachd. Tha gach com-pàirteachadh mar seo a' gabhail a-staigh na daoine òga ann am FTG cuideachd airson 's gum bi làmh aig a h-uile duine san iomairt Ghàidhlig.

2.8 Tha an sgoil a' dol an comhair pàrantan cloinne ann am P7 FTG gach bliadhna. Nì iad seo airson leantainneachd foghlaim eadar a' bhun-sgoil agus an àrd-sgoil a bhrosnachadh, an gealltanais airson FTG a shìor choileanadh, draghan a lasachadh agus àireamh an luchd-ionnsachaidh ann am FTG a mheadachadh.

2.9 Chaidh sùil a thoirt air an dòigh air an tèid daoine òga a roinneadh eadar clasaichean airson co-chur nan clàr-ama a dhèanamh nas fhasa. Tha na daoine òga air fad ann am FTG gan cur còmhla airson co-chur clàr-ama nan cuspairean a gheibhear tro mheadhan na Gàidhlig. Tha rian thaighean aig an sgoil. Chaidh taigh a chruthachadh dhan fheadhainn a tha ann am FTG. Leis a sin, gabhaidh tachartasan an taighe ud a chumail tro mheadhan na Gàidhlig. Air feadh nan ìrean, gheibh daoine òga ann am FTG co-thionalan an taighe, foghlam pearsanta agus sòisealta (FPS) agus eòlas creideimh agus moraltachd (ECM) sa Ghàidhlig. Tha cothrom air àm le taoitear aig a bheil Gàidhlig

cuideachd eadar S1 is S4. Tha adhartachadh agus leantainneachd sna h-earrannan seo dhen chlàr-teagaisg air feadh nan diofar ìrean. A bharrachd air sin, tha na cuspairean FTG a leanas ri fhaighinn eadar S1 agus S3: Gàidhlig, cruinn-eòlas, eachdraidh, eaconamas-dachaigh, nua-eòlas agus saidheans. Ann an cuid dhe na cuspairean seo, ri linn luchd-teagaisg nach eil buileach fileanta, dh'fhaoidte nach fhaighear ach cuid dhen ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Mar a tha na cuspairean a' fàs nas speisealta ann an S3, tha cuibhreann an ionnsachaidh a gheibhear sa Ghàidhlig a' dol an lughad ann an S3.

2.10 Tha cùrsaichean roghnachail nam pàirt de dhealbhadh a' chlàir-theagaisg ann an S2. Taghaidh na daoine òga cùrsaichean roghnachail a rèir an cuid ùidhean. Tha cuid dhe na cùrsaichean roghnachail seo tron Ghàidhlig. Mar eisimpleir, tha cùrsa roghnachail ann a bheir seachad teisteanas slighe duais Iain Muir agus tha cuid dheth tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an cùrsa roghnachail "Sgrìobhadh òran Gàidhlig is teicneolas" ri fhaighinn tron Ghàidhlig cuideachd. Tha cothrom ann Duais Adhartas Nàiseanta ann an Sgrìobhadh Nua-òran Gàidhlig agus Riochdachadh aig an ìre as àirde a dhèanamh na dhèidh sin. Tha an sgoil am beachd co-chomhairleachadh a chumail air ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (ILC) airson teisteanasan eile a phlanadh.

2.11 Ann an S4, tha slighean gu teisteanasan nàiseanta ri fhaighinn airson Gàidhlig, eachdraidh agus nua-eòlas. Ann an S5 agus S6, chan eil ach Gàidhlig ri fhaighinn mar theisteanas nàiseanta aig an ìre-sa. Tha àireamh mhath de dhaoine air ùidh a nochdadh ann an eachdraidh agus/no nua-eòlas tron Ghàidhlig ann an S3 agus S4. Tha na prìomh cheannardan a' tuigsinn gu bheil uiread a dh'ùidh ann 's gum bi aca ri beachdachadh air an t-solar a leudachadh.

2.12 Tha an clàr-teagaisg a' gabhail a-staigh cothroman do dhaoine òga Gàidhlig a chluinntinn, a chleachdadh agus ionnsachadh ann an suidheachaidhean eile seach cuspairean is raointean a' chlàir-theagaisg. Tha na prìomh cheannardan air dreuchd fada nas motha a thoirt dha na com-pàirtichean ann am planadh is libhrigeadh clàr-teagaisg FTG. Tha com-pàirtichean mar Chomunn na Gàidhlig, Fèisean nan Gàidheal, Radio nan Gàidheal, MG Alba, MacTV, urrasan coimhearsnachd agus Acair a' toirt seachad rudan ann an Gàidhlig air feadh nan diofar ìrean. Tha na com-pàirtichean seo a' cur doimhne, eòlas sònraichte, feumalachd agus dùbhlain ri ionnsachadh dhaoine òga. A bharrachd air sin, tha daoine òga a' stèidheachadh ceanglaichean ri luchd-bruidhinn na Gàidhlig sna coimhearsnachdan aca. An cois nan ceanglaichean ri MG Alba, tha grunn dhaoine òga a' dol air adhart gu Preantasachd Bun-ìre sna meadhanan.

2.13 Le bhith a' co-obrachadh le com-pàirtichean, tha na daoine òga a' dol an sàs luchd-bruidhinn fileanta na Gàidhlig aig a bheil dreuchdan a tha a' crochadh air na sgilean Gàidhlig aca. Tha seo a' cur ris - agus a' dearbhadh - na tha daoine òga ag ionnsachadh mu dhreuchdan Gàidhlig mar phàirt dhen phrògram FPS. A bharrachd air sin, nì daoine òga ann am FTG greis-gnìomhachais ann an suidheachadh far a bheil Gàidhlig ga cleachdadh.

2.14 Tha oifigear-leasachaidh o Chomunn na Gàidhlig a' cumail taic ris a' chlàr-teagaisg is iad a' planadh tursan ionnsachaidh. Tha seo a' toirt cothrom do dhaoine òga an cuid Gàidhlig a chur gu feum taobh a-muigh na sgoile agus cothrom air ionnsachadh nas

doimhne mu chultar na Gàidhlig. Chaidh tursan ionnsachaidh a chur air dòigh gu Glaschu, Èirinn, Canada agus cuid a dh'aitichean is tachartasan ionadail.

2.15 Tha na daoine òga a' gabhail pàirt gu soirbheachail ann an co-fharpaisean nàiseanta cuideachd mar an Deasbad Nàiseanta, FilmG agus am Mòd Nàiseanta. Cha deach na tachartasan seo fhilleadh a-staigh mar thachartasan adhartachaidh leis na prìomh cheannardan fhathast, a' gabhail a-staigh ceanglaichean leis na bun-sgoiltean.

2.16 Chan eil an sgoil a' tracadh cuibhreann an ionnsachaidh a tha ri fhaighinn sa Ghàidhlig is na daoine òga a' dol tron sgoil. Bhiodh an dàta seo feumail airson aire nan daoine òga a tharraing dhan bhuidheachd a tha aig cothroman ionnsachaidh taobh a-staigh is a-muigh na sgoile air am fileantachd. Bu chòir dhan tracadh seo daoine òga a ghabhail a-staigh nach eil ann an cùrsaichean Gàidhlig ach a tha ri speisealachadh ann an raointean eile dhen chlàr-teagaisg. Bu chòir dhan sgoil gach oidhirp nan comas a dhèanamh airson daoine òga a chumail an sàs sa Ghàidhlig ach an glèidh iad an cuid fileantachd is ùidh sa chànan.

2.17 Tha an luchd-obrach a' cruthachadh deagh àrainneachd dhan Ghàidhlig am broinn na sgoile le bhith a' togail a h-ìomhaigh ann am beatha làitheil na sgoile. Tha Gàidhlig fillte a-staigh ann an conaltradh beòil agus conaltradh sgrìobhte na sgoile. Tha cuid a Ghàidhlig sna brathan a tha ga sgaoileadh air an tanoidh agus sna sgrìnichean plasma.

2.18 Tha na daoine òga a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd glè chudromach dha na prìomh cheannardan. Tha iad soilleir gu bheil còir aig duine sam bith air seo suas gu deireadh S3. Thathar a' toirt brosnachadh dha na daoine òga ann an cùrsaichean Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) pàirt a ghabhail sna tachartasan a tha gan cur air dòigh dhan fheadhainn ann am FTG. Ge-tà, tha an luchd-obrach ag iarraidh air na daoine òga seo Gàidhlig a bhruidhinn aig na tachartasan seo airson 's nach bris seo a-steach air an àrainneachd Ghàidhlig do chàch. Tha barrachd dhaoine òga a' cumail a' dol le Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) aig an ìre as àirde an cois àrdachadh ìomhaigh na Gàidhlig san sgoil.

2.19 Tha Comhairle nan Eilean Siar ag obair còmhla ri Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (OGE) airson iar-cheum ann am foghlam bun-sgoile agus àrd-sgoile a stèidheachadh gu h-ionadail. Tha Sgoil MhicNeacail a' toirt cothrom teagaisg do thidsearan ann an trèanadh agus a' faighinn cothrom air an eòlas aca-san. Thathar a' dèanamh seo airson ath ghinealach de thidsearan dhan sgoile a ghintinn.

3. Ceistean dùbhlain

An dèidh dhaibh an rannsachadh cùise ann an earrann 2 a leughadh, thathar a' toirt brosnachadh dha na prìomh cheannardan is tidsearan ann an àrd-sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus caidreachasan leasachaidh ionadail na ceistean gu h-ìosal a chleachdadh airson na clàran-teagaisg aca fhèin a chnuasachadh a thaobh na Gàidhlig agus planaichean a dhèanamh airson leasachadh ma bhios feum air.

3.1 A' toirt sùil air dè cho math 's a tha an sgoil agad ann a bhith a' libhrigeadh clàr-teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig agus taobh a-staigh nan goireasan làithreach agad, dè an ìre chun a bheil an sgoil:

- a' dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach a tha fileanta ann an Gàidhlig a' libhrigeadh FTG?
- a' toirt sùil an gabhadh eòlas nan tidsearan a chur gu feum an dà chuid sa bhun-sgoil agus àrd-sgoiltean nas trice?
- a' sgrùdadh dè cho math 's a tha colaistean, foghlam agus leasachadh coimhearsnachd agus na buidhnean Gàidhlig a' cur ri FTG, a' gabhail a-staigh cleachdadh de dh'fhoghlam co-mheasgaichte?
- a' sgrùdadh a bheil na tha an sàs de dh'ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd a' brosnachadh an luchd-obrach Gàidhlig ionnsachadh no an cuid fileantachd sa Ghàidhlig a leasachadh?
- a' sgrùdadh an gabhadh taic uile-choitcheann agus clàradh a thoirt seachad sa Ghàidhlig, a' gabhail a-staigh teagasg nan daoine òga ann am FTG ann am buidhnean ioma-ìreach?
- a' co-obrachadh leis na bun-sgoiltean a dhèanamh cinnteach nach eil leum eadar na cànanan libhrigidh a' cur bacadh air adhartas?
- a' sgrùdadh dè an ìre chun a bheilear a' cleachdadh dealbhadh a' chlàir-theagaisg (mar speisealachadh, cùrsaichean beartais, cùrsaichean roghnachail agus clasaichean maighstireachd) airson cuibhreann nan daoine a nì ionnsachadh tron Ghàidhlig a chur am meud?
- a' sgrùdadh dè cho math 's a thathar a' cleachdadh ionnsachadh eadar-chuspaireil ann am FTG agus airson eòlas mun Ghàidhlig a theagasg dhan fheadhainn ann am Foghlam tro mheadhan na Beurla?
- a' brosnachadh com-pàirtichean airson cuid dhen chlàr-teagaisg a thoirt seachad ann an Gàidhlig?
- a' sgrùdadh mar a ghabhadh cothroman airson coileanadh pearsanta agus teisteanachadh a chur gu feum airson ionnsachadh tron Ghàidhlig a thoirt seachad?
- a' sgrùdadh an gabhadh FPS agus ECM a libhrigeadh tron Ghàidhlig air feadh ìre an fhoghlaim choitcheann fharsaing agus san ìre as àirde?
- a' cleachdadh àm biadh meadhain-latha agus clubaichean an dèidh na sgoile mar chothrom do dhaoine òga an cuid Gàidhlig a chleachdadh?
- a' sgrùdadh an gabhadh adhartas on fhoghlam choitcheann fharsaing gu Teisteanas Nàiseanta 4, Teisteanas Nàiseanta 5 agus Àrd Ìre ann an cuspair sam bith a chur an sàs? agus
- a' sgrùdadh an gabhadh adhartas on Àrd Ìre gu Àrd Ìre Adhartach a chur an sàs?

3.2 Mar phàirt de sgrùdadh cunbhalach air clàr-teagaisg FTG, dè cho tric 's a nithear sgrùdadh air cuibhreann an ionnsachaidh a nì daoine òga tron Ghàidhlig?

3.3 A bheil an sgrùdadh a nithear air ionnsachadh dhaoine òga a' gabhail a-staigh FTG? Ciamar a thomhaiseas an sgoil soirbheas agus na h-ath cheuman?

3.4 Dè cho tric 's a nithear sgrùdadh air slighean dhaoine òga fa leth ann am FTG san sgoil?

3.5 An do rinn an sgoil beachdachadh air teicneolas digiteach, a' gabhail a-staigh na [e-Sgoil](#), mar dhòigh airson ionnsachadh tron Ghàidhlig a chur am meud sa chlàr-teagaisg?

3.6 Ciamar a leasaich an sgoil an clàr-teagaisg airson

- aghaidh a thoirt air mòr-lèirsinn FTG?
- tuigse a bhrosnachadh am measg na feadhainn ann am FTB mu FTG agus dà-chànanachas?
- cothromas, sàr fheabhais agus coileanadh sàr mhath a bhrosnachadh
- cleachdadh eòlais, tuigsinn agus sgilean a dhèanamh comasach sa Ghàidhlig
- leud, dùbhlain agus cleachdadh a dhèanamh comasach air feadh ceithir co-theacsaichean an fhoghlaim
- a' Ghàidhlig, cultar is dualachas na Gàidhlig agus slighean gu dreuchdan Gàidhlig a leabachadh
- cùisean a stèidheachadh air fèin-luachadh agus sìor leasachadh leantainneach?

3.7 Ri linn cleachdadh [Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig](#) agus [Comhairle air Foghlam Gàidhlig](#) airson fèin-luachadh, dè a' bhuidh a bha aige sin?

4 Goireasan a bharrachd a dh'fhaodadh a bhith feumail:

[Foghlam Gàidhlig: A' Gluasad chun na h-Àrd-sgoile](#)
[Rannsachadh cùise FTG, Sgoil Sir E Scott, Comhairle nan Eilean Siar](#)

[Comhairle HMI air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig ìre nan Àrd-sgoiltean](#)
[Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig, 2017](#)
[Geàrr-chunntas air Goireasan Leasachadh Sgioba-obrach Òg \(DYW\)](#)
[Comhairle HMI air Foghlam Gàidhlig A 1+2 Modh-obrach a thaobh chànan](#)
[Comhairle HMI air Foghlam Gàidhlig \(an sgrìobhainn shlàn\)](#)

[Comhairle air Foghlam Coitcheann Farsaing](#)
[Comhairle mun Ìre as Àirde agus an t-Àm na dhèidh](#)

[e-Sgoil:Clàr-teagaisg FTG slighe teicneolais dhigitich](#)

Foghlam Alba

Taigh Denholm
Almondvale Business Park
Almondvale Way
Baile Lèibhinn EH54 6GA

Fòn +44 (0)131 244 4330

Post-d enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk

www.education.gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin, Tagh nì.

'S urrainn dhut am fiosrachadh seo ath-chleachdadh (ach na dealbhan is suaicheantasan) saor 's an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo Cheadachas an Riaghaltais Fhosgailte fhad 's a thèid ath-chleachdadh gun mhearachd agus chan ann air dòigh mheallta. Feumaidh tiotal na sgrìobhainne a nochdadh agus gu bheil a' chòir-lethbhreac aig Foghlam Alba.

Tadhail air an làrach a leanas a dh'fhaicinn a' cheadachais
<http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu:
psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Ma leig sinn ris gu bheil còir-lethbhreac aig treas-phàrtaidh sam bith, feumaidh tu cead fhaighinn on fheadhainn aig a bheil a' chòir-lethbhreac.

Foghlam Alba

Taigh Denholm
Almondvale Business Park
Almondvale Way
Baile Lèibhinn EH54 6GA

Fòn +44 (0)131 244 4330

Post-d enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk